

STORYWORLDS



# Air chall sa cheò



Jill Atkins • Shelagh McNicholas

# Air chall sa cheò



An teacs a Jill Atkins  
Na dealbhan Shelagh McNicholas  
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR



A h-uile samhradh bha Alison a' dol  
a dh'fhuireach greis còmhla ri a seanair  
agus a seanmhair ann an Alba.

Bha Seumas a' fuireach  
an ath-dhoras dhaibh.

Aon latha brèagha bha Granaidh agus  
Alison a' dol air chuairt dhan bheinn.

“An tig thu còmhla rinn?”

thuirt Alison ri Seumas.

“Thig. Bhiodh sin math,” arsa Seumas.

Mach a dh'fhalbh iad,  
Alison, Granaidh agus Seumas.  
Chuir Alison a làmh na pòcaid  
agus thug i mach fìdeag.  
Shèid i an fhìdeag.  
Rinn an fhìdeag fuaim glè làidir.  
“Sguir dhen sin!” thuirt Granaidh.





Chuir Alison an fhìdeag air ais na pòcaid.  
Thug Granaidh a-mach mapa.  
“Tha mi ’n dòchas nach tèid sinn air chall,”  
thuirt i. Thachair boireannach le boineid  
buidhe riutha. Stad i greis a bhruidhinn ri  
Granaidh.



“Leanaibh an rathad air a bheil na càirn,”  
thuirt am boireannach. “An uair sin  
chan urrainn dhuibh a dhol air chall.”

“Tapadh leibh,” arsa Granaidh.

“Tha mi a’ faicinn nan càrn fad  
na slighe suas taobh na beinne,” ars Alison.

“Cuiridh mi geall gu lorg mise barrachd chàrn na thusa,” ars Alison ri Seumas.

“Cuiridh mise geall nach lorg,” thuirt Seumas.

Ruith iad air thoiseach suas a’ bheinn, a’ leantainn an rathaid o chàrn gu càrn.





“Am faod sinn stad airson deoch?”  
dh’fhaighnich Alison.

“Stadaidh sinn nuair a ruigeas sinn  
am mullach,” arsa Granaidh.

“Chan eil fad againn ri dhol a-nis.”





Ràinig iad am mullach mu dheireadh thall.  
Shuidh iad uile sìos agus ghabh iad deoch.  
Bha iad a' faicinn bheanntan àrda, fada  
fada air falbh.



“Thugainnibh,” arsa Granaidh.

“S fheàrr dhuinn tilleadh. Tha sgòthan dorcha an sin agus tha ceò a’ tuiteam.”

Thòisich Granaidh air cromadh on bheinn.  
Siud thuit i air an rathad.

Ruith Alison a-null  
thuice.





“Dè thachair?” dh’fhaighnich Alison.

“Ghoirtich mi m’ adhbrann,” thuirt Granaidh.

Dh’fheuch i ri èirigh. “Cha chreid mi gun urrainn dhomh coiseachd,” thuirt i.



“Thèid mise a dh’iarraidh cuideachadh,”  
thuirt Alison. “Dè an taobh a thèid mi?  
Chan fhaic mi an ath chàrn.”

“Feumaidh sinn uile fuireach an seo,”  
thuirt Seumas. “Ma dh’fheuchas sinn ri  
ar slighe a dhèanamh air ais tron cheò,  
thèid sinn air chall.”



Dh'èigh iad airson cuideachadh ach cha chuala duine iad. Dh'èigh agus dh'èigh iad ach cha do thachair dad. Cha robh duine gan cluinntinn.

Ach an uair sin chuir Alison a làmh na pòcaid. “Seall dè th’ agam an seo,” thuirt i, agus sheall i an fhìdeag dhaibh. Shèid i an fhìdeag cho cruaidh ’s a b’ urrainn dhi.





“Tha fios gun cluinn cuideigin am fuaim làidir sin,” thuirt Granaidh.

Shèid Alison an fhìdeag a-rithist, ach cha tàinig duine.

“ Siuthad, feuch a-rithist,” arsa Seumas, agus shèid Alison na bu chruaidhe a-rithist agus a-rithist.

An dèidh greis thuirt Seumas,  
“Tha mi a’ cluinntinn cuideigin.”



“Tha sinn an seo,” dh’èigh iad uile còmhla.  
“Tha mi a’ tighinn,” dh’èigh cuideigin air ais.  
“Dèanaibh nas urrainn dhuibh de dh’fhuaim.”  
Dh’èigh iad uile cho cruaidh ’s a b’ urrainn  
dhaibh agus shèid Alison air an fhèidig.  
An uair sin chunnaic i rudeigin  
buidhe a’ tighinn tron cheò.



“S e am boireannach leis an aid bhuidhe a th’ ann,” thuirt Alison.

“Tha sinn cho toilichte gun cuala tu sinn,” arsa Granaidh.

“Ghoirtich mise m’ adhbrann agus chan urrainn dhomh coiseachd.”

“Tha mise cho eòlach air a’ bheinn seo ’s a tha mi air cùl mo dhùirn,” ars am boireannach.

Chuidich i iad a’ toirt Granaidh sìos a’ bheinn.





Nuair a ràinig iad taigh Granaidh  
thug iad uile taing dhan boireannach.  
“Ciamar a lorg sibh sinn?” dh’fhaighnich  
Seumas. “Chuala mi an fhìdeag,”  
thuirt am boireannach. “Tha fuaim  
uabhasach làidir aice.”  
“Tha gu dearbh,” ars Alison agus shèid  
i a-rithist i. “O, squir, squir,”  
thuirt iad uile.